


STORYWORLDS



# AN TÍGEAR AGUS AM MADADH




Air ath-innse le Gill agus Paul Hamlyn • Na dealbhan Michael Terry

**Nota:**


'S e stòraidh o bheul-aithris nan Ìnnseanach a tha seo. 'S e Brahman no sagart Hindu a tha san duine san stòraidh agus bidh esan a' siubhal na dùthcha a' teagasg. Tha am madadh daonnan ann an stòraidhean Ìnnseanach agus tha e gleusta, seòlta.

# AN TÌGEAR AGUS AM MADADH



Air ath-innse le Gill agus Paul Hamlyn  
Na dealbhan Michael Terry  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair a bha siud, bha tìgear a' fuireach ann an dùthaich fada air falbh.

Aon latha bha an tìgear a' coiseachd anns a' choille agus thuit cèids sìos air a mhuin.

Bha e ag èigheach agus a' sgiamhail cho cruaidh 's a b' urrainn dha, ach cha chuala duine e.



Dìreach an uair sin thàinig seann duine a bha a' dol seachad.

“An cuidich thu mi?” dh'èigh an tìgear.

“Thig a-nall agus leig a-mach mi.”

“Cha leig gu dearbh,” ars an seann duine.

“Ithidh tu mi.”

“S mi fhèin nach ith,” ars an tìgear.

“Ma leigeas tu mach mi bidh mi nam charaid dhut gu bràth.”



“An urrainn dhomh do chreidsinn?”

dh’fhaighnich an seann duine.

“S urrainn,” ars an tìgear.

“Carson nach creideadh?”

Mar sin, choisich an seann duine a-null chun an tìgeir agus dh’fhosgail e doras na cèidse.




Mach gun leum an tìgear.


Bha e a’ magadh air an t-seann duine agus thuir e, “S tusa bha gòrach.

Cha bu chòir dhut tìgear a chreidsinn uair sam bith. Nis tha mi a’ dol gad ithe.”


“Stad! Na ith mi!”  
ars an seann duine.  
“Leig leam faighneachd  
dhan asal dè tha ise  
a’ smaoinachadh  
mun seo.”




Ach nuair a dh’fhaighnich an seann duine  
dhan asal, thuir an asal,  
“Carson a chuidichinn-sa thu?  
Tha daoine a’ toirt ormsa obrachadh trang  
fad an latha. Chan eil sin ceart.  
Faodaidh an tìgear d’ ithe.”



Thuir an seann duine ris an tìgear,  
“Na ith mi. Leig leam faighneachd dhan  
damh dè tha esan a’ smaoinachadh.”  
Ach nuair a dh’fhaighnich an seann  
duine dhan damh, thuir an damh,  
“Carson a chuidichinn-sa thu?  
Tha daoine a’ toirt ormsa obrachadh  
trang fad an latha. Chan eil sin ceart.  
Faodaidh an tìgear d’ ithe.”



Dh'fheuch an seann duine aon turas eile.  
"Leig leam faighneachd dhan ailbhean  
dè tha esan a' smaoinichadh," thuirt e.  
Ach thuirt an t-ailbhean,  
"Carson a chuidichinn-sa thu?  
Tha daoine a' toirt ormsa obrachadh  
trang fad an latha. Chan eil sin ceart.  
Faodaidh an tìgear d' ithe."



Bha an tìgear a' magadh air  
an t-seann duine.

"Seall a-nis," thuirt e.

"Tha iad uile ag ràdh gu faod mi d' ithe."




Ach dìreach an uair sin bha madadh  
a' dol seachad.

Sheall e ris an t-seann duine.

"Dè tha tachairt an seo?" dh'fhaighnich e.







Dh'innis an seann duine dhan mhadadh mar a leig e an tìgear a-mach às a' chèids agus mar a bha e a-nis ag iarraidh ithe. Choimhead am madadh ris an tìgear agus an uair sin thuir e, "Chan eil mi a' tuigsinn. Innis dhomh a-rithist dè thachair."



Mar sin dh'innis an seann duine dhan mhadadh a-rithist mar a thachair. "Chan eil mi a' tuigsinn fhathast," ars am madadh. "Feumaidh tu sealltainn dhomh mar a thachair. Tugainn air ais chun na cèidse."

Bha an tìgear a' fàs feargach ach lean e  
an seann duine agus am madadh air ais  
chun na cèidse.



“Nis tha mi a' tuigsinn,” ars am madadh  
ris an t-seann duine.

“Bha thusa sa chèids agus chunnaic an  
tìgear thu agus e a' dol seachad.”

“Cha robh,” dh'èigh an tìgear.

“Mise bha sa chèids.”




“Nis tha mi a’ tuigsinn,” ars am madadh ris an tìgear. “Bha mise sa chèids agus chunnaic an seann duine mi agus e a’ dol seachad. “Cha robh! Cha robh! Cha robh!” dh’èigh an tìgear. “Mise bha sa chèids.”




Aig an ìre sin bha an tìgear uabhasach crosta.

“Seallaidh mi dhut mar a thachair,” thuir e ris a’ mhadadh, agus leum e a-steach dhan chèids.

“Bheil thu a’ tuigsinn a-nis?” dh’èigh e ris a’ mhadadh. “Mise bha sa chèids.”





“S tu gu dearbh,” ars am madadh.  
“Dìreach mar a tha thu a-nis,”  
thuirt e le gàire mòr agus dhùin e a’ chèids.  
An uair sin thuirt e ris an t-seann duine,  
“Cuimhnich. Na cuir earbsa ann an tìgear  
uair sam bith.”

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS  
MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO  
IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE  
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Gill & Paul Hamlyn 1997

A’ chiad fhoillseachadh 1997  
A’ chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A’ Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004  
10 9 8

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

**Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn**  
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Gill & Paul Hamlyn a’ dleasadh còir mhoralta airson a bhith air an comharrachadh mar ùghdaran na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 643 0